

## Bòrd na Gàidhlig

## A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Diardaoin 17/08/2023 09.30-10.30

Tro MS Teams

## GEÀRR-CHUNNTAS

## Policy &amp; Resources Committee

Thursday 17/08/2023 09.30-10.30

Via MS Teams

## MINUTES

SEISEAN FOSGAILTE 1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH	OPEN SESSION OPENING ITEMS
<p><b>Buill Bùird an Làthair:</b> Nicola NicThòmais (Cathraiche) [NNT] Màiri NicAonghais [MTNA] Dòmhnall MacAoidh [DMA]</p> <p>1.1 <b>A' frithealadh:</b> Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI] Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM] Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH] Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh [CNI] Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' Gheàrr-chunntais [OND]</p> <p>1.2 <b>Leisgeulan:</b> Coinneach MacIomhair [CMI] <b>Fàilte is Leisgeulan</b></p> <p>1.3 Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh. <b>A' nochdadh Chom-pàirtean</b> MTNA – Alba Chruthachail <b>GISBE</b> Cha robh gin ann.</p>	<p><b>Board Members Present:</b> Nicola Thomson (Chair) [NT] Màiri MacInnes [MTMI] Donald MacKay [DMK]</p> <p><b>In Attendance:</b> Shona MacLennan, Ceannard [SML] Iain MacMillan, Director of Development [IMM] Jennifer McHarrie, Director of Education [JMH] Christie MacLean, Plans Manager [CML] Orla MacDonald, Recording the Minutes [OMD]</p> <p><b>Apologies:</b> Kenneth MacIver [KMI]</p> <p><b>Welcome &amp; Apologies</b> The Chair welcomed everyone to the meeting.</p> <p><b>Declarations of Interest</b> MTMI – Creative Scotland</p> <p><b>AOCB</b> There were none.</p>
2.0 CLEACHDADH	USAGE
<p>2.1 <b>PGR001 E03 spòrsalba</b> Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an dàrna eagraan de Phlana Gàidhlig spòrsalba. Chaidh measadh a dhèanamh air a' Phlana le oifigearan agus dh'aontaich spòrsalba ris gach moladh. Thug CNI fios gun robh spòrsalba air mòran a choileanadh aig ìre ro-innleachdail sa chiad eagraan agus thugadh eisimpleirean den obair a rinn iad thairis air an eagraan sin. Dh'innis CNI don Chomataidh mu na cothroman a th' aig spòrsalba airson a bhith a' leasachadh na h-obrach aca thairis air an dàrna eagraan.</p> <p>Thog Buill ceist mun sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus thug CNI dearbhadh thuca air clàr-ama na buidhne gus na sgrùdaidhean seo a dhèanamh.</p> <p>Mhol Buill an obair a tha spòrsalba a' dhèanamh leis an òigridh.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Dh'aontaich Buill ris a' Phlana.</p> <p>2.2 <b>PGR010 E04 Comhairle Baile Ghlaschu</b> Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an ceathramh eagraan de Phlana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu. Chaidh measadh a dhèanamh air a' Phlana le oifigearan agus dh'aontaich a' Chomhairle ris gach moladh. Dh'aithris CNI mun adhartas a rinn a' Chomhairle thairis air an treasamh eagraan agus mu na cothroman a th' aca sa cheathramh eagraan.</p>	<p><b>PGR001 E03 sportscotland</b> CML told Members that this was the second edition of sportscotland's Gaelic Language Plan. The plan had been assessed by officers and all recommendations were accepted by sportscotland. CML told Members that sportscotland had accomplished a great deal a strategic level in the first edition of their plan and gave them some examples of the work they did in that edition. CML told Members about the opportunities that sportscotland has for the development of its work over the second edition.</p> <p>Members raised a question about Gaelic skills in the workforce and CML informed them of timetable by the organisation to assess these skills.</p> <p>Members praised the work that sportscotland does with young people.</p> <p><u>Decision:</u> Members approved the Plan.</p> <p><b>PGR010 E04 Glasgow City Council</b> CML told Members that this was the fourth edition of Glasgow City Council's Gaelic Language Plan. The plan had been assessed by officers and all recommendations were accepted by the Council. CML told Members about the progress that the Council had made throughout the third edition and the opportunities they have in the fourth edition.</p>

Mhol Buill cho làidir sa tha ro-ràdh a' Phlana agus dh'fhaighnich iad mu adhartas le foghlam Gàidhlig sa Chomhairle. Thug JMH fios don Chomataidh air na cothroman a th' aca a thaobh foghlam Gàidhlig.

Members praised the strength of the plan's introduction and asked about progress with Gaelic education in the Council. JMH provided Members with information on the opportunities they have regarding Gaelic education.

Dh'fhaighnich Buill an robh oifigearan an dùil gum biodh Gàidhlig na phàirt den ro-innleachd eaconamach aig a' Chomhairle agus thug CNI fios gun robh sgioba Gàidhlig na Comhairle air a bhith an sàs sa phròiseas agus mar sin gun robhar an dùil gum biodh Gàidhlig ga toirt a-steach.

Members asked if officers expected Gaelic to be included in the Council's economic strategy and CML told them that the Council's Gaelic team had been involved in the process so it was expected that Gaelic would be included.

Thog Buill ceist mu fhoghlam àrd-sgoil Gàidhlig agus dh'innis JMH gu bheil ann an conaltradh leis a' Chomhairle mun phuing.

Members asked about Gaelic in secondary school and JMH told Members that Bòrd na Gàidhlig is in communication with the Council about this.

Thug a' Cheannard fios mun phròiseas airson gealltanasan a bharrachd a thoirt a-steach gu Planaichean Gàidhlig agus gu dè an ìre is gun urrainn do Bhòrd na Gàidhlig buaidh a thoirt air a' phròiseas seo.

The Ceannard provided Members with information on the process for requesting additional commitments in Gaelic Language Plans and to what extent Bòrd na Gàidhlig has leverage in this process.

Chaidh còmhraidh a chumail mu fhaicsinneachd na Gàidhlig. Thug CNI fios do Bhuill mar a tha oifigearan a' beachdachadh air ciamar as urrainnear a bhith a' dèanamh leasachadh air sa phròiseas Phlanaichean Gàidhlig gus faicsinneachd na Gàidhlig àrdachadh. Thug IMM fios cuideachd air a' cho-obrachadh a tha Comhairle Baile Glaschu a' dèanamh agus air an dòigh sam biodh seo a' toirt buaidh air adhartas.

The visibility of Gaelic was discussed. CML told Members how officers are considering the development of Gaelic Language Plans process to increase the visibility of Gaelic. IMM also told Members about the collaborative work that Glasgow City Council is involved in and how this could have an impact on progress.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana.

#### Decision:

Members approved the Plan.

### **2.3 PGR061 E03 Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an treasamh eagra de Phlana Gàidhlig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba. Chaidh measadh a dhèanamh air a' Phlana le oifigearan agus dh'aontaich a' bhuidheann ris gach moladh. Thug CNI fios air an adhartas a rinneadh san dàrna eagra agus fios mu na cothroman airson adhartas san treasamh eagra. Thugadh fios mu chothroman co-obrachaidh anns a bheil a' bhuidheann an sàs.

### **PGR061 E03 National Museums Scotland**

CML told Members that this was the third edition of National Museums Scotland's Gaelic Language Plan. The plan had been assessed by officers and all recommendations were accepted by the organisation. CML provided information on the progress made in the second edition and on the opportunities for progress in the third edition. Members were told about opportunities for collaboration in which the organisation is involved.

Dh'fhaighnich Buill an robh cunnart ann gun robh buidhnean a' faighinn cus stiùireadh bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig air na Planaichean Gàidhlig aca, agus an robh seo a' toirt cron air càileachd phlanaichean – bha mòran planaichean coltach ri chèile. Dh'innis IMM do Bhuill gun robh seo na dhuilgheadas aig aon àm agus mar thoradh air sin cha robh oifigearan a' caitheamh ùine gu leòr a' comhairleachadh bhuidhnean. Bha mòran phlanaichean a' coimhead coltach oir lean iad teaplaid aig BnG. Chaidh a ràdh gun robh coltas ann gun robh an fhianais a' sealltainn gur e na Planaichean a b' fhasa a leughadh agus a leantainn an fheadhainn nach do lean an teaplaid - Oilthigh Ghlaschu mar an eisimpleir a b' fheàrr. Thathar an-dràsta a' dèiligeadh ri seo le stiùireadh/modhan ath-sgrùdaichte. Chaidh cuir an cuimhne Buill cuideachd gun robh co-chomhairleachadh poblach air an Stiùireadh Reachdail airson Planaichean Gàidhlig a' dol air adhart.

Members asked if there was a risk that organisations were taking too much instruction from Bòrd na Gàidhlig officers on their Gaelic Language Plans and that this could have a negative impact on the quality of plans – many of the plans looked the same. IMM told Members that this had been a problem at one time resulting in officers then not spending enough time advising bodies. Many Plans looked the same because they followed a template provided by BnG. The evidence appeared to suggest that the easiest Plans to read and follow were those that didn't follow the template – University of Glasgow being the best example. This is currently being addressed with revised instructions/procedures. Members were also reminded that a public consultation on the Statutory Guidance for Gaelic Language Plans was currently underway.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana.

- 2.5 PGR042 E03 Leabharlann Nàiseanta na h-Alba**  
Dh'innis CNI do Bhuill gur iad seo na Prìomhachasan Ro-innleachdail airson an treasamh eagraan den Phlana Gàidhlig aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Thugadh fios gun robh oifigearan air a bhith ag obair leis a' bhuidhinn agus le Ceannard na buidhne airson aonta fhaighinn air na Prìomhachasan. Thug CNI fios air an adhartas a rinneadh san dàrna eagraan agus fios mu na cothroman airson adhartas san treasamh eagraan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Prìomhachasan Ro-innleachdail.

- 2.6 PGR031 E03 Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear**  
Dh'innis CNI do Bhuill gur iad seo na Prìomhachasan Ro-innleachdail airson an treasamh eagraan den Phlana Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear. Thug CNI fios air an adhartas a rinneadh san dàrna eagraan agus fios mu na cothroman airson adhartas san treasamh eagraan.

Dh'iarr Buill tuilleadh fios mu dè an obair ris an robhar an dùil le buidhnean libhrigidh , agus dh'innis CNI do Bhuill mu na planaichean a bh' aca agus fios gum biodh tuilleadh fiosrachadh sa Phlana Gàidhlig. Chaidh beachdachadh air mar as urrainn do dhiofar Chomhairlean a bhith ag obair ri chèile agus thug CNI fios gun robh obair a' dol gus lìonra oifigearan Gàidhlig a stèidheachadh.

Chaidh moladh gum bu chòir don Chomhairle barrachd fiosrachaidh a thoirt a-steach mu na buidhnean leis am bi iad ag obair agus gnìomh a toirt a-steach airson leasachadh foghlam tràth-bhliadhnaichean.

Gnìomh:

CNI gus am moladh a thoirt air adhart leis a' Chomhairle.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Prìomhachasan Ro-innleachdail.

- 2.4 PGR001 E03 Alba Chruthachail**  
*\*Dh'fhàg MTNA a' choinneamh aig 10.22\**

Dh'innis CNI do Bhuill gur e seo an treasamh eagraan de Phlana Gàidhlig Alba Chruthachail. Dh'innis CNI mun adhartas a rinneadh san dàrna eagraan agus mu na cothroman airson adhartas san treasamh eagraan.

Dh'fhaighnich Buill an robh buidheann libhrigidh aig a' bhuidhinn airson na Gàidhlig agus fhreagair CNI gum moladh i seo dhaibh mar deagh chleachdadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana.

Decision:

Members approved the Plan.

- PGR042 E03 National Library of Scotland**  
CML told Members these were the Strategic Priorities for the third edition of the National Library of Scotland's Gaelic Language Plan. They had been assessed by officers and all recommendations were accepted by the organisation. CML told Members about the progress made in the second edition and provided information on the opportunities for progress in the third edition.

Decision:

Members approved the Strategic Priorities.

- PGR031 E03 East Dunbartonshire Council**  
CML told Members these were the Strategic Priorities for the third edition of East Dunbartonshire Council's Gaelic Language Plan being presented to the Committee. They had been assessed by officers and all recommendations were accepted by the council.

Members asked for more information about what work with delivery partners was expected, and CML told Members about the Council's plans and noted that there would be further information in their Gaelic Language Plan. Members considered how different Councils could work together and CML told them that work was underway to re-establish a network of Gaelic officers.

It was suggested that the Council should include further information on organisations they will work with and include an action for the development of early years education.

Action:

CML to take the recommendation forward with the Council.

Decision:

Members approved the Strategic Priorities.

- PGR001 E03 Creative Scotland**  
*\*MTMI left the meeting at 10.22\**

CML told Members this was the third edition of Creative Scotland's Gaelic Language Plan. CML told Members about the progress made in the second edition and provided information on the opportunities for progress in the third edition.

Members asked if the group had a delivery group for Gaelic and CML replied that she would recommend this as a good practice to them.

Decision:

Members approved the Plan.

**3.0 GISBE**

Cha robh gin ann.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 05/09/2023

*Dùnadh na coinneimh*

*Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh*

**AOCB**

There were none.

Date for the next meeting: 05/09/2023

*Close of meeting*

*Post-meeting Review of meeting*

Ceann-là na coinneimh 17/08/2023

Dearbhte le Sgioba Stiùiridh 06/09/2023

Air adhart gu Cathraiche airson dearbhadh/atharrachadh 07/09/2023

Dearbhte le Cathraiche 07/09/2023

Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh 17/09/2023

Dearbhte le Buill a' Bhùird 17/09/2023

Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET 25/09/2023